

Ealain tìre



O chionn ghoirid chaidh cnuic Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh a chomharrachadh ann an grunnan phròiseactan ealain ùr-nodha a' sealltainn mar a tha an sgìre a' fàs ainmeil airson ealain àrainneachd

1

Tha pròiseact nan Striding Arches ag amas air cruth-tìre iongantach Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh a chomharrachadh agus a mhìneachadh tro ealain àrainneachd cho math 's a tha air an t-saoghal.

2

Tha aon stuagh a' dol thairis air seann bhàthach air a leasachadh. Bidh seo na ionad-foghlaim a-muigh agus na fhasgadh ann am meadhan a' ghlinn.

Le tadhal air obair ealain ùr, inntinneach an ceann an iar-dheas Alba, faodaidh tu bhith cinnteach gum faigh thu togail agus toil-inntinn ged nach biodh ann ach gum feum thu cuairt a ghabhail sna beanntan mus faigh thu thuca.

Ann am pròiseact nan Striding Arches – aig Cairnhead faisg air Moniaive, tuath air Dùn Phris – tha iomadh ealan-ionaid a rinn an neach-ealain cliùiteach, Andy Goldsworthy. Tha trì stuaghan de chlach-ghainmhich ann air mullach cnuic. Chaidh an dealbh airson daoine a bhrosnachadh gu bhith a' tadhal air Gleann agus Coille Cairnhead.

Tha ceithir meatairean a dh'àirde sna stuaghan a th' air mullach cnuic agus chithear iad uile on cheathramh stuagh a tha nas fhaide shìos agus a tha a' ceangal ri seann bhàthach. On bhàthaich seo, chithear sealladh math sìos an gleann agus tha i a' toirt seachad fhasgadh a bharrachd air a bhith na h-ionad gus dèanamh a-mach càit a bheil thu agus na h-àite-obrach a-muigh.

Thàinig iomadh atharrachadh air Cairnhead thar nam bliadhnan. Bha uair a bha tuathanasan ann ach 's e coilltearachd mhalairteach as motha a th' ann a-nis. B' e aon adhbhar a bha aig Andy Goldsworthy airson am pròiseact a ghabhail os làimh gun robh e airson aire dhaoine a tharraing gu cho lag 's a bha dòigh-beatha air an dùthaich ann an Alba, an dà chuid an-diugh agus san àm a dh'fhalbh.

2



'S e Andy Goldsworthy prìomh neach-ealain na h-àrainneachd ann am Breatainn agus tha e air a bhith a' fuireach ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh o chionn còrr is 20 bliadhna. Seo a' chiad ealan-ionaid fad-ùine a rinn e ann an àite poblach ann an Alba.

Airson tadhal air gach stuagh air na cruic, feumaidh tu coiseachd mu 16km/10 mile timcheall mullach a' ghlinn. Mar sin bidh a' chuid as motha dìreach a' tadhal air aonan dhiubh gach turas.

Bha SNH air fear de bhuidhnean maoineachaidh a' phròiseict, agus tha Chris Miles, am Manaidsear Sgìreil, dhen bheachd gum bi e na bhuannachd mòr dhan phoball. "Tha Striding Arches na phròiseact coille coimhearsnachd a cheanglas lionradh de shlighean ùra ris an Southern Upland Way, a bheir daoine a Ghleann Cairnhead agus a Mhoniaive agus a bheir cothrom dhaibh a bhith ann an àrainn nàdair," thuirt Chris.

"Tha am brosnachadh airson ealan-tìre a' tighinn on chruth-tìre agus ceangal nan daoine ris. 'S e dòigh chumhachdach a th' ann air toirt air daoine smaoineachadh air mar a dh'atharraich an cruth-tìre agus gach dòigh san do chleachd sinn e."

Landscape today is not an end result,
but only a single frame
in a long-running, slow motion movie.

How well will we act our parts
in the next scene?

Bho Scene Shifters le Màiri Nic a' Ghobhainn



3
Chuireadh ealain air an àrd-ùrlar aig Cairnsmore NNR mar phàirt de Fhèis Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh. Chruthaich companaidh nan Surfacemen tachartasan a fhuair am brosnachadh bho na snaighidhean aig Cairnsmore.

4
Tha *Hush* air fear dhe na snaighidhean asiomallaiche. Tha e a' cleachdadh ulbhagan le bilean dùinte snaighte orra gus fìor shàmhchair a shamhlachadh.

A' Bheinn Mhòr

Chaidh crìoch a chur cuideachd am-bliadhna air pròiseact ealain san iar-dheas aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Cairnsmore of Fleet, eadar Creetown agus Gatehouse of Fleet ann an Gall-Ghàidhealaibh. Dh'obraich an snaigheadair, Matt Baker, còmhla ris a' bhana-bhàrd, Mary Smith, gus 'Cairnsmore: The Big Hill' a chruthachadh. 'S e sreath de shnaighidhean a tha an seo le dàin nan cois.

An dèidh dhaibh a bhith air am brosnachadh le na seallaidhean, an geòlas agus an eachdraidh ann an Cairnsmore, bhruidhinn an luchd-ealain ri muinntir an àite airson 's gum biodh iad an lùib na h-obrach. Tha na snaighidhean air feadh an tèarmainn airson daoine a bhrosnachadh gu bhith a' rannsachadh agus a' cur eòlas air cruthan-tìre fiadhaich na sgìre.

Tha a' chuid as motha de Cairnsmore of Fleet fo sheilbh, agus air a riaghladh, le SNH. Thuir Anndra Bielinski, an t-Oifigear Sgìreil, gu bheil am pròiseact na dhòigh eadar-dhealaichte air a' choimhearsnachd a tharraing a-steach.

"Tha tòrr dhen obair againn a' buntainn ri bhith a' dìon fiadh-bheatha agus àrainnean nam beathaichean," thuir e. "Ach tha sinn cuideachd airson gum faigh daoine toileachadh bhon tìr iongantach againn.

"Bidh sinn a' dèanamh chuirtean còmhla ri neach-iùil agus a' dèanamh nithean eile san tèarmann. Ach tha ealan na dhòigh eile air coimhead air an àrainneachd agus ruigidh e barrachd dhaoine."

Thug SNH taic do phròiseact eile cuideachd agus b' e sin 'Voices of Glentworth and Merrick' san do ghabh an luchd-ealain, Silvana McLean agus Mary Smith, cuairt san sgìre a' cruinneachadh sgeulachdan agus nithean air an robh cuimhne aig daoine gus brosnachadh fhaotainn bho dhaoine san àite agus a rinn beòshlaint on fhearann. Stèidhte air an sin chruthaich iad còig dealbhan agus dàin a bha a' comharrachadh na sgìre.

Tha na dàin air pàipear trid-shoilleir agus chì thu an iomhaigh tron dàn gus an ceangal còmhla gu grinn. Chaidh fichead lethbhreac a chlà-bhualadh agus chithear iad ann an diofar àitichean air feadh na sgìre agus ann an àitichean eile.

5
Tha clach às an tèarmann ga cleachdadh sna snaighidhean. Tha seo a' sealltainn gur e àite iomallach a tha an seo agus gu bheil e neo-àbhaisteach daoine a bhith ann.

